



Coinneamh Mhinistreib de Chànain Tùsanach is Mion-chànain

20 Dàmhair 2023, Jersey

Communiqué

An-diugh chùm Comhairle Bhreatainn is Èireann (BIC) Coinneamh Mhinistreib mu Chànain Tùsanach is Mion-chànain (IML) a chaidh a chur air dòigh le Riaghaltas Jersey. Ron choinneimh, chaidh ministearan is oifigearan an sàs anns an tachartas Poileasaidh Cànain a chùm Buaidh Foghlaim. Lorgar liosta slàn de na h-oifigich Ministreib a bha an sàs an lùib seo.

Còmhradh air Gnìomhachd san Roinn Obrach

Bhruidhinn Ministearan air Aithisg Poileasaidh na Roinne Obrach 2023 airson Cànain Tùsanach is Mion-chànain. Tha seo a' mìneachadh obair a rinn oifigearan thar nam bliadhnaichean mu dheireadh. Thug Ministearan taing do dh'oifigearan airson a bhith ag ullachadh nam pàipearan, is chaidh aontachadh gun robh iad a' cur am follais an luach a bh' ann do na Riaghaltasan Buill uile a bha an sàs san roinn obrach. Ann an còmhradh, chuir Ministearan cuideam air cho cudromach sa bha e a bhith a' tabhann àrainneachdan a dhèanadh e comasach cànain IML a chleachdadh is bheachdaich iad air grunn iomairtean buntainneach a bha a' dol thairis Riaghaltasan Buill BIC. Bheachdaich Ministearan cuideachd air na ceanglaichean eadar poileasaidh nan Tràth-bhliadhnaichean is togail cànain IML, a' cur cuideam air tachartas a chaidh a chumail an co-bhonn ann an 2021.

Plana Obrach an Ama ri Teachd

Bhruidhinn Ministearan cuideachd mun Phlana Obrach a' Dol air Adhart a chaidh a mholadh airson roinn obrach nan Cànain Tùsanach is Mion-chànain. Dh'aontaich Ministearan gur e seo àite far am b' urrainn Riaghaltasan Buill cumail orra ag obair còmhla tron BhIC. Chaidh aontachadh cuideachd gum bu chòir am Plana Obrach a' Dol air Adhart airson Cànain IML eadar 2023-25 fòcas a chur air na trì cuspairean seo:

- Cleachdadh Sòisealta Chànain Tùsanach is Mion-chànain;
- Bun-structar Cànanaich; agus
- Cultar.

Chaidh a thoirt fa-near le Ministeran gun dèigheadh an ath Choinneamh Mhinistreib mu Chànain Tùsanach is Mion-chànain aig BIC a chumail le Riaghaltas Ghuernsey.

**Rùnaireachd BIC
20 Dàmhair 2023**

BIC OFFICIAL

Liosta de Riochdairean Ministreil

Riaghaltas na h-Éireann	Patrick O'Donovan TD, Minister of State for the Gaeltacht
Riaghaltas Eilean Mhanainn	Claire Christian MHK, Political Member for Education, Sport and Culture
Riaghaltas Jersey	Kirsten Morel, Deputy Chief Minister and Minister for Economic Development, Tourism, Sport and Culture
Riaghaltas Éireann a Tuath	Jenny Gilruth MSP, Cabinet Secretary for Education and Skills
Riaghaltas na h-Alba	Jacob Young MP, Parliamentary Under Secretary of State (Levelling Up)
Riaghaltas na RA	Jeremy Miles MS, Minister for Education and Welsh Language Deputy Andrea Dudley-Owen, Minister for Education, Sport & Culture
Riaghaltas na Cuimrigh	Patrick O'Donovan TD, Minister of State for the Gaeltacht